



Leasan 8: Bàs Dhòmhnaill Dhuibh an Canaigh

Aonghas MacPhionghain (1897-1972) à Eige ag innse naidheachd do dh'lain Latharna Caimbeul,
Fear Chanaigh.

Air a chlàradh ann an 1949

Faid: 00:04:25



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/21419/1>

Tar-sgrìobhadh

Tha e coltach, a rèir 's mar a tha an sgeul air a h-innse, gura h-ann ann an Canaigh a chaochail an duine iomraiteach sin ris an canadh iad Dòmhnull Dubh Mac 'ic Ailein, ceann-cinnidh Chlann Raghnaill. Bha Dòmhnull na dhuine làidir, foghainteach, uaibhreach agus borb, agus tha iomadh droch ghnìomh air a chur às a leth, agus chan eil sin na iongnadh, a chionn bha comannan bàs agus beatha aige air na bha a shluagh a' coimhead suas ris mar cheann-cinnidh, ann an Uibhist, 's ann an Canaigh, 's ann an Eige 's ann an Rùm, 's Eilean nam Muc 's Müideart.

Agus thachair do Dhòmhnull air an turas seo a bhith ann an Uibhist, agus dh'fhàg iad Uibhist leis a' bhirlinn a' tighinn gu ruige Müideart. Agus mar a b' àbhaist, thàinig droch shìde, a chionn bha e air a ghràdhainn nach do chuir Dòmhnull riamh gu cuan leis a' bhirlinn nach do shèid uisge 's gaoth na aghaidh. Agus a bharrachd air an sin, bha e air a ghràdhainn gum facas uair 's uair màgan às dèidh na birlinn nuair a bhiodh i air a rathad bho thìr-mòr gu ruige Uibhist.

Ach air an turas seo, thàinig i cho mosach agus gum b' fheudar dhaibh cur a-staigh dhan acarsaid a Chanaigh airson fasgadh, agus bha Dòmhnull gu tinn agus chaidh a ghiùlan gu ruige Taigh na Dòirlinn. Chaidh sgriobadh a' bhàta suas còmhla ris agus chaithris iad an oidhche, agus an àite Dòmhnull a bhith a' dol na b' fheàrr, 's ann a bha e a' dol na bu mhiosa. Agus chuir e seachad an oidhche sin agus an làrna-mhàireach, agus thàinig an ath oidhche a-rithist, agus cha robh sòn a dh'fheabhas air Dòmhnull.

Ach suas mu mheadhan-oidhche bha iad a-staigh ga chaithris agus dh'fhairich iad starban aig an doras¹. Chaidh fear dhe na gillean a dh'ionnsaigh an dorais, agus dh'fhsogail e an doras 's thàinig cù mòr dubh nach robh a leithid anns an eilean, a rèir coltais, anns an àm, agus choisich e suas agus chuir e a shròn a-staigh air beinge na leaba far an robh Dòmhnull.

Cha tuirt duine guth. Thionndaidh an cù a-mach, chaidh an doras a dhùnad, agus an ùine gun a bhith fada chualas fead chruaidh a-mach, taobh a-mach an taighe. Dh'èirich Dòmhnull na shuidhe anns an leabaidh, agus bha fear dhen

¹ Cluinnear dorast air a' chlàr.

sgiobadh a bha sa bhirlinn, agus 's e ceatharnach cho làidir agus a bh' air an taobh an iar anns an àm, ris an canadh iad Raghnall Mòr mac Ailein Òig, agus rug e air Dòmhnnall agus chuir e air ais air a dhruim anns an leabaidh e, mar a bha e roimhid.

Ach cha robh e fada mar sin nuair a thàinig an ath fhead, agus bha i na bu chruaidhe agus na bu chaise na a' chiad tè. Dh'èirich Dòmhnnall le leum agus bha e air an ùrlar. Dh'èirich Raghnall agus chuir e a dhà làimh mu a mheadhan agus thog e e agus chuir air a dhruim anns an leabaidh air ais e.

Agus an ùine gun a bhith fada, thàinig an ath fhead, na bu chruaidhe na a' chiad dhithis² a bha roimhpe, agus le aon leum bha Dòmhnnall aig an doras, agus Raghnall às a dhèidh³, agus rug e air a-rithist mun mheadhan agus chuir e air ais anns an leabaidh e, agus tha e air a ghràdhainn an uair sin gun do ghairm na coilich. Agus chaochail Dòmhnnall nuair a thàinig... Mun tainig a' mhadainn chaochail Dòmhnnall, agus tha sgeul gun tug iad a chorp leis a' bhirlinn gu ruige Müideart, agus chan eil fhios agamsa air an còrr mu dheidhinn.

² Cluinnear *dhithist* air a' chlàr.

³ Cluinnear *dhèidhinn* air a' chlàr.